



Cànan Measaidh agus Teisteanachaidh ann an Aonadan agus Teisteanasan air an Dearbhadh le SQA (Air an lìbhrigéadh san Rìoghachd Aonaichte)

Àireamh an Dreacha

V 3.0

Ùghdar a' Phoileasaidh

Manaidsear Poileasaidh is Rannsachaidh

Sealbhadair a'
Phoileasaidh

Ceann na Seirbheise airson Sgioba Àrd-theisteanasan
Nàiseanta is Theisteanasan Dreuchdail

Raon gnothachais

Buidheann-stiùiridh Poileasaidh, Mion-sgrùdadadh agus
Inbhean

Poileasaidh dligheach bho

01 An Dàmhair 2024

Ceann-latha ath-sgrùdadadh
a' phoileasaidh

01 An Dàmhair 2027

Poileasaidh air aontachadh
le

Buidheann Inbhean agus Poileasaidh

Ceann-latha aonta a'
phoileasaidh

25 An Giblean 2024

Ceann-latha measadh
buaidh air co-ionannachd
(EqIA)

08 An Cèitean 2024

Carson a tha feum againn air a' phoileasaidh?

Tha am poileasaidh seo a' toirt seachad mìneachadh air na prionnsapalan agus slatantomhais a thaobh cànan a' mheasaidh agus teisteanachaidh airson aonadan is teisteanasan air an dearbhadh le SQA agus air an lìbhrigeadh le ionadan san Rìoghachd Aonaichte.

'S e Beurla prìomh chànan na h-Alba, a thaobh gnàths agus cleachdad, le Gàidhlig, Albais agus Cànan Soidhnidh Bhreatann a' dèanamh suas prìomh bhuidhnean càin eile na dùthcha. 'S iad Beurla agus Gàidhlig na prìomh chànanan ionnsachaidh is teagaisg ann an Alba, agus mar sin 's iad na cànanan sa bheil SQA a' toirt seachad teisteanasan agus a' dèanamh mheasaidhean.

Tha am poileasaidh seo a' toirt taic do dh'amasan corporra SQA le a bhith:

- ◆ a' toirt seachad siostam de theisteanasan a tha creideasach.
- ◆ sùbailte ann a bhith a' coileanadh feumalachdan luchd-cleachdaidh.
- ◆ a' cosnadh earbsa, urram agus luach bho ar luchd-cleachdaidh, luchd-ùidhe agus compàrtichean.

Teisteanasan tro mheadhan na Gàidhlig

Tha SQA an-dràsta a' tairgse grunn theisteanasan tro mheadhan na Gàidhlig. Tha SQA an geall air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus, ann an co-rèir ris a' Phlana Ghàidhlig againn, tha sinn ag amas air cumail suas agus a' togail air solar làithreach le bhith a' toirt seachad stuthan-taice agus a' leudachadh ar raon de chuspairean tro mheadhan na Gàidhlig air a bheil cothrom anns an Àrd ìre ann an àrd-sgoiltean is colaistean.

Tha gealltanás a bharrachd ann gum bithear a' leudachadh an raoin de mheasaidhean tro mheadhan na Gàidhlig air a bheil cothrom, tarsainn raon de sheòrsaichean teisteanais.

Bithear a' dèanamh seo ann an co-chomhairleachadh le Bòrd na Gàidhlig agus tha seo ann an co-rèir ris a' ghealltanasan againn do dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

Cò ris a tha e a' buntainn?

Tha am poileasaidh seo a' buntainn ri:

- ◆ Teisteanasan Nàiseanta (agus Cùrsaichean Nàiseanta a' gabhail a-steach Sgilean Cosnaidh, agus Baccalaureatan Albannach)
- ◆ Àrd-theisteanasan Nàiseanta
- ◆ Teisteanasan / Dioplòmathan Adhartach (*far a bheillear gan lìbhrigeadh san Rìoghachd Aonaichte*)
- ◆ Duaisean Leasachaiddh Proifeiseanta
- ◆ Teisteanasan Nàiseanta.
- ◆ Duaisean Adhartais Nàiseanta
- ◆ Duaisean (AWDs)
- ◆ Duaisean / Teisteanasan / Dioplòmathan (àite-obrach)
- ◆ Aonadan a tha nan co-phàirtean de na tha air an ainmeachadh gu h-àrd
- ◆ Aonadan neo-cheangailte

Tha aon roinn às-dùnadh don phoileasaidh seo — faicibh earrann 4.1 *Às-dùnaidhean* airson mion-fhiosrachadh.

Tha poileasaidh Cànan Measaidh agus Teisteanachaидh ann an Teisteanasan Riaghlaichte air an tairgse le SQA (air an lìbhrigeadh san Rìoghachd Aonaichte) a' toirt seachad mion-fhiosrachadh air an t-solar chuibhrichte againn airson an dà chuid Teisteanasan Riaghlaichte agus Preantasachdan Tòiseachaidh (faicibh earrann 6).

Cò dha a tha e?

Tha am poileasaidh seo airson ionadan SQA, Luchd-ionnsachaidh agus luchd-obrach uile an SQA.

Dè an taic a tha ri fhaotainn?

Tha buidheann-stiùridh Poileasaidh, Mion-sgrùdadh agus Inbhean agus co-obraichean leis an sgioba Poileasaidh agus Co-ionannachdan HNVQ comasach air taic a thoirt seachad a thaobh am poileasaidh seo a chur an gnìomh.

Airson barrachd fiosrachaidh mu sholar tro mheadhan na Gàidhlig aig SQA, tadhailibh air làrach-lìn an SQA.

Airson barrachd fiosrachaidh mu Co-ionannachd Cothruim air teisteanasan an SQA, faodar na sgrìobhainnean a leanas a lorg air làrach-lìn an SQA.

- ◆ Poileasaidh air Co-ionannachd Cothruim air Teisteanasan (*Equality of Access to Qualifications policy*)
- ◆ Stiùireadh air Beurla mar Chànan a Bharrachd (EAL) (*English as an Additional Language (EAL) guidance*): Cleachdadhl faclair dà-chànanach airson tagraichean aig a bheil Beurla mar chànan a bharrachd (*Use of bilingual dictionary for candidates who have English as an additional language*)
- ◆ A' cleachdadhl Cànan Soidhnidh ann am Measaidhean (*Using Sign in Assessments*)

1 Aithris Poileasaidh

Tha na h-aonadan is teisteanasan air an dearbhadh le SQA agus air an lìbhrigeadh san Rìoghachd Aonaichte air am measadh sa Bheurla agus, ann an raon de chuspairean, sa Ghàidhlig. Tha aonadan is teisteanasan uile air an teisteanachadh sa Bheurla mura bheil iad air an lìbhrigeadh agus air am measadh sa Ghàidhlig.

Bu chòir fa-near a thoirt gu bheil ‘cànan a’ mheasaidh’ a’ toirt iomradh air a’ chànan a chaidh a chleachdadadh leis an neach-ionnsachaiddh **anns** a’ mheasadh aca. Chan eil e a’ toirt iomradh air measadh **air** cànanan, mar eisimpleir, nuadh chànanan.

Tha SQA an geall air co-ionannachd cothruim agus air cultar a tha a’ toirt meas air eadar-dhealachadh. Tha sinn a’ creidsinn, mar fhastaidhear agus mar bhuidheann phoblach, gum faod sinn prìomh phàirt a ghabhail ann a bhith a’ brosnachadh co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhaltais le bhith gan dèanamh mar phàirt bhunaiteach den cho-dhùnaidhean againn. Thathar air Measadh Buaidh air Co-Ionannachd a choileanadh air a’ phoileasaidh seo aig ère an leasachaiddh gus measadh a dhèanamh air mar a dh’fhaodadh am poileasaidh seo buaidh a thoirt air buidhnean co-ionannachd agus tha na toraidhean bhon seo gan nochdadh sa phoileasaidh.

2 Dàimh a’ phoileasaidh ri prionnsapalan riaghlaidh an SQA

Tha Prionnsapalan Riaghlaidh an SQA a’ riaghlaidh mar a bhios SQA a’ coileanadh nan dleastanasan reachdail aca agus mar a bhios iad a’ fèin-riaghlaidh nan gniomhachdan aca. Tha am poileasaidh Cànan Measaidh agus Teisteanachaiddh ann an Aonadan agus Teisteanasan air an Dearbhadh le SQA (Air an lìbhrigeadh san Rìoghachd Aonaichte) a’ toirt taic do na Prionnsapalan Riaghlaidh a leanas:

Prionnsapal Riaghlaidh 1: Fosgailteachd do dh’fheumalachdan dhaoine fa leth, do dh’fheumalachdan bhuidhnean foghlaim is dreuchdail agus do dh’fheumalachdan a’ chomainn shòisealta mar phrìomh amas SQA, agus mar sin bidh SQA a’ dèanamh oidhirpean gus dèanamh cinnteach gu bheil na pròiseasan airson leasachadh theisteanasan, measadh agus cumail suas inbhean nàiseanta cho fosgarra agus cho soilleir ’s a ghabhas; agus air am fiosrachadh tro mhodh-obrach a thaobh fèin-riaghlaidh a tha stèidhte air rannsachadh is fianais.

Prionnsapal Riaghlaidh 7: Nì SQA cinnteach gu bheil a h-uile teisteanas is measadh cho cothromach is ruigsinneach ’s a ghabhas agus gu bheilear a’ coileanadh feumalachdan nan tagraighean ann an rianachd nam measaidhean.

3 Uallaichean

Uallaichean na buidhne duaiseachaidh

- ◆ Feumaidh SQA dèanamh cinnteach gu bheil luach ga chur air measadh nan teisteanasan againn, agus gu bheil iad creideasach le luchd-cleachdaidh, le buidhnean com-pàirteachais agus leis a' choimhearsnachd nas fharsainge.
- ◆ Far a bheil SQA a' toirt cothrom air teisteanas ann am barrachd air aon chànan (me an dà chuid sa Bheurla agus sa Ghàidhlig), feumaidh SQA a h-uile ceum reusanta a ghabhail gus dèanamh cinnteach gu bheil measadh nan teisteanasan sin aig an aon ìre de dh'iarrtas airson a h-uile neach-ionnsachaidh. Faodaidh SQA seirbheisean eadar-theangaiche sàr-eòlach fhastadh gus eadar-theangachadh a thoirt seachad mar thaic dha seo airson adhbharan barantachd càileachd.
- ◆ Faodaidh SQA seirbheisean fhastadh bho neach-dearbhaidh bhon taobh a-muigh aig a bheil eòlas air a' chànan targaid, airson adhbharan barantachd càileachd nuair a tha sin riatanach. Thèid gnìomhachd barantachd càileachd agus aithriseadh co-cheangailte ris a dhèanamh sa Bheurla.
- ◆ Nuair a thathar air teisteanas a chòdachadh le SQA airson lìbhrigeadh agus measadh tro mheadhan na Gàidhlig, bidh tiotal an teisteanais sa Ghàidhlig agus bidh clàr an teisteanais a' gabhail a-steach aithris aithneachaidh a bhios ag ràdh gun deach an cùrsa a choileanadh tro mheadhan na Gàidhlig.
- ◆ Thèid gnìomhachd barantachd càileachd ga dhèanamh ann an co-rèir ris a' phròiseas fhoillsichte againn.

Uallaichean an ionaid

- ◆ Feumaidh ionadan innse do SQA ma gheibh iad iarrtas sam bith airson measadh tro mheadhan na Gàidhlig no Cànan Soidhnidh Bhreatainn (far a bheil seo ceadaichte mar ghnàthachadh reusanta) mus cuir iad luchd-ionnsachaidh a-steach airson teisteanas air SQA Connect.
- ◆ Far a bheil Cànan Soidhnidh Bhreatainn ceadaichte mar ghnàthachadh reusanta agus far a bheil neach-ionnsachaidh a' faighinn susbaint measaidh sam bith bhon taobh a-muigh airson Chùrsaichean Nàiseanta air a soidhneadh dhaibh le neach-conaltraidh soidhnidh agus / no a bhios a' soidhneadh nam freagairtean, feumaidh an t-ionad iarrtas a chur a-steach gus cànan soidhnidh a chleachdad tron t-siostam SQA iarrtas airson Ullachaidhean Measaидh (AAR), ron cheann-latha fhoillsichte. Tha barrachd fiosrachaidh san stiùireadh againn, [A' Cleachdadh Cànan Soidhnidh ann am Measaيدhean SQA \(Using Sign in SQA Assessments\)](#), a tha rì fhaotainn air an làrach-lìn againn.
- ◆ Feumaidh an t-ionad clàradh bhidio a dhèanamh de fhreagairtean soidhnidh an neach-ionnsachaidh agus sin a chur a-steach do SQA còmhla ri eadar-theangachadh no tar-sgrìobhadh sa Bheurla de fhreagairtean measaidh an neach-ionnsachaidh.

- ◆ Chan fheum ionadan aonta iarraidh air SQA gus stuth in-mheasaidh a shoidhneadh do thagraiche no ma tha tagraiche airson soidhneadh a chleachdad nam freagairtean, mura bi slatan-tomhais a' mheasaidh gan atharrachadh le bhith a' dèanamh seo.

4 Riatasan a' phoileasaidh

'S e Beurla prìomh chànan na h-Alba, a thaobh gnàths agus cleachdad, le Gàidhlig, Albais agus Cànan Soidhnidh Bhreatann a' dèanamh suas prìomh bhuidhnean càin eile na dùthcha. 'S iad Beurla agus Gàidhlig na prìomh chànanan ionnsachaidh is teagaisg ann an Alba, agus mar sin 's iad na cànanan sa bheil SQA a' toirt seachad teisteanasan agus a' dèanamh mheasaidhean. Tha na h-aonadan is teisteanasan air an dearbhadh le SQA agus air an lìbhrigeadh san Rìoghachd Aonaichte air am measadh sa Bheurla agus, ann an raon de chuspairean, sa Ghàidhlig.

Tha cànan a' mheasaidh a' toirt iomradh air a' chànan a chaidh a chleachdad leis an neach-ionnsachaidh **anns** a' mheasadh aca. Chan eil e a' toirt iomradh air measadh **air** cànanan, mar eisimpleir, nuadh chànanan.

Tha a h-uile aonad is teisteanas SQA fo raon-ùghdarrais a' phoileasaidh seo air a theisteanachadh sa Bheurla. Far a bheil tagraichean air am measadh bhon taobh a-muigh tro mheadhan na Gàidhlig, nochdaidh tiotal an teisteanais sa Ghàidhlig agus bidh clàr an teisteanais a' gabhail a-steach aithris aithneachaидh. Far a bheil tagraichean air an in-mheasadh tro mheadhan na Gàidhlig, **cha bhi** clàr an teisteanais a' gabhail a-steach aithris aithneachaيدh. Faodaidh aithrisean aithneachaيدh a bhith air gach cuid teisteanasan pàipeir agus aithrisean-dealain de theisteanasan airson Chùrsaichean Nàiseanta air am measadh tro mheadhan na Gàidhlig.

Measadh ann an Cànanan eile seach Beurla no Gàidhlig

Chan eil raon-ùghdarrais a' phoileasaidh seo ga leudachadh do dh'iarrtasan airson aonadan no teisteanasan SQA a bhith air am measadh ann an cànan eile seach Beurla no Gàidlig. Tha seo a' ciallachadh nach eil e ceadaichte a bhith ag eadar-theangachadh stuthan measaidh SQA gu ciad chànan an neach-ionnsachaidh no freagairtean measaidh an neach-ionnsachaidh eadar-theangachadh gu Beurla.

Tha SQA a' toirt seachad stiùireadh mionaideach a thaobh nan ullachaidhean a tha rim faotainn gus taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh den leithid agus gheibhear e air làrach-lìn an SQA: Cleachdad faclair dà-chànanach airson tagraichean aig a bheil Beurla mar chànan a bharrachd (*Use of a bilingual dictionary for learners who have English as an additional language*).

Tha SQA an geall air beachdachadh air mar a thathar a' lìbhrigeadh agus a' measadh nan teisteanasan againn, ma tha iarrtas ann aig leithid de dh'ire 's gum biodh e co-rèireach, practaigeach agus comasach a bhith ga dhèanamh, a thaobh an dà chuid goireasan agus maoineachadh. Cumaidh SQA sùil leantainneach air iarrtasan airson measadh ann an cànanan eile seach Beurla.

4.1 Às-dùnaidhean

Tha aon roinn de dh'às-dùnadhar don phoileasaidh seo far am bi SQA a' ceadachadh mheasaidhean ann an cànanan eile seach Beurla airson aonadan is teisteanasan air an dearbhadh le SQA: **Ullachaidhean Measaidh — Cànan Soidhnidh Bhreatainn.**

Chan eil raon-ùghdarrais a' phoileasaidh seo ga leudachadh do dh'iarrtasan airson aonadan no teisteanasan SQA a bhith air am measadh ann an Cànan Soidhnidh Bhreatainn (BSL). Tha SQA a' breithneachadh air iarrtasan airson measadh ann an Cànan Soidhnidh Bhreatainn mar ghnàthachadh reusanta. Ann an co-rèir ris a' ghealltanais againn do dh'Achd na Co-ionannachd (2010), bidh SQA a' beachdachadh air mar a ghabhas cnapan-starraighean neo-riatanach do chothrom a thoirt air falbh agus air mar a ghabhas gnàthachaidhean reusanta a dhèanamh airson tagraichean ciorramach ann an dòigh a tha co-chòrdail ri cumail suas treibhdhireas an teisteanais. Tha SQA a' ceadachadh cleachdadhean Cànan Soidhnidh Bhreatainn airson in-mheasadh luchd-ionnsachaidh bodhar agus airson nam measaidhean aca bhon taobh a-muigh (gun ghabhail a-steach nuadh chànanan, Beurla agus Gàidhlig).

Gheibhear barrachd fiosrachaidh air Gnàthachaidhean Reusanta air làrach-lìn an SQA: [Earrann 96\(7\) Achd na Co-ionannachd 2010: Mion-chomharraighean air Gnàthachaidhean Reusanta ann an Teisteanais Nàiseanta ann an Alba.](#)

Airson fiosrachadh air teisteanasan SQA air am measadh ann an Cànan Soidhnidh Bhreatainn, bu chòir [A' cleachdadhean Cànan Soidhnidh ann am Measaidhean SQA \(Using Sign in SQA Assessments\)](#) a leughadh air làrach-lìn an SQA.

5 Mìneachaidhean

Ionad:

Buidheann (leithid sgoil, colaiste, companaidh/solarache trèanaidh no àite fastaidh) a tha air ùghdarrachadh le agus cunnatichail do bhuidheann duaiseachaidh airson ullachaidhean deuchainn is measaidh a tha a' treòrachadh gu duais teisteanais.

Ciorramach:

Mar a thathar air a mhìneachadh ann an Achd na Co-ionannachd (2010).

Cànan measaidh:

An cànan a tha an neach-ionnsachaidh a' cleachdadhean mheasadh aca. Chan eil e a' toirt iomradh air measadh air cànanan, mar eisimpleir, nuadh chànanan.

Neach-ionnsachaidh:

Neach fa leth a tha a' leantainn cursa sgrùdaidh gu neo-eisimeileach ach a tha ag inntrigeadh agus a' gabhail measadh aig ionad ùghdarraichte le SQA. Faodar cuideachd iomradh a thoirt orra mar 'tagraiche'.

Gàidhlig:	(mar a chleachdadh sa phoileasaidh seo) a' toirt iomradh air Gàidhlig na h-Alba.
Meadhan na Gàidhlig:	Teisteanasan air an lìbhrigeadh agus air am measadh tro mheadhan na Gàidhlig.
Albais:	<p>Tha Albais ga bruidhinn fad is farsaing air feadh Alba.</p> <p>Tha i mar cho-chànan do Bheurla, le freumhan Gearmailteach, agus dlùth-chleamhns ri cànanan Lochlannach. Cuide ri Cuimris, Gaeilge, Gàidhlig agus Còrnais, tha i mar aon de na cànanan roinneil sònraichte san Rìoghachd Aonaichte agus thathar ga h-aithneachadh gu h-oifigeil le Riaghaltasan na h-Alba agus na Rìoghachd Aonaichte agus le Comhairle na h-Eòrpa.</p>

6 Poileasaidhean SQA agus reachdas

Am measg phoileasaidhean co-cheangailte SQA tha:

- ◆ Cànan Measaidh agus Teisteanachaidh ann an Teisteanasan Riaghlaichte air an tairgse le SQA (Air an libhrigeadh san Rìoghachd Aonaichte) (*Language of Assessment and Certification in Regulated Qualifications offered by SQA (Delivered in the United Kingdom)*)
- ◆ Cànan Measaidh ann an Cùrsaichean Gnàthaichte air an Dearbhadh le SQA (*Language of Assessment in Customised Products Validated by SQA*)
- ◆ Cànan Measaidh agus Teisteanachaidh ann an Aonadan agus Teisteanasan air an tairgse gu h-Eadar-nàiseanta agus air an Dearbhadh le SQA (*Language of Assessment and Certification in Units and Qualifications offered Internationally and Validated by SQA*)
- ◆ Poileasaidh air Co-ionannachd Cothruim air Teisteanasan (*Equality of Access to SQA qualifications*)